

Bòrd neo-àbhaisteach Bòrd MG ALBA

Plana Obrachaidh 2018/19

Diluain 18/12/17, 1100-1230, air fòn

Notaichean

Bòrd:	Magaidh Choineagan	Daibhidh Brew
	Donald MacAmhlaidh	Catriona Nic a' Phì
	Jo NicDhòmhnaill	Màiri Kidd
	Dùghall MacAmhlaidh	

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)

Niall M. Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)

Mairi Anna NicAonghais (*a' gabhail gearr-chunntas*)

Leisgeulan: Iain Stephen Moireasdan; Calum MacFhearghais

Ath-nuadhachadh 'idents' na seanail aig an 10th ceann bliadhna (Sultain 2018)

Bha aonta ann gum biodh e iomchaidh 'idents' na seanail ath-nuadhachadh, ach gum bu chòir dha a bhith nas follaisiche gur e pròiseact a bha ann a bhathas an toiseach ag iarraidh air a' BhBC a mhaoineachadh, an 11mh pròiseact mar gum biodh. Bhiodh sin a rèir a' chòmhraidi aig coinneamh a' Bhùird air 23/11/17, gum biodh luach ann a làimhseachadh mar phròiseact air leth air an deigheadh bruidhinn leis a' BhBC mu cho-mhaoineachadh. Leanaidh còmhraighean leis a' Cheann Seirbheis mu bhith ga mhaoineachadh tro obair na seanail ùr BBC Scotland. Ri linn gum bi co-dhùnadh a dhìth as t-Earrach, cuirear fios chun Bhùird gach mìos le adhartas. (Gníomh DC)

Clann

Chaidh fàilte a chuir air an adhartas seo (preasantadh eadar 5f gu 7f airson clann). Chaidh deasbad a chumail air càite eile am b' urrainn dha seo a bhith stèidhichte, buaidh sin air cosgaisean, am biodh cothrom ann teachd a-steach a chosnad, agus chaidh molaidhean a dhèanamh a thaobh teacsa an dreachd plana. Thèid fios a chumail ris a' Bhòrd. (Gníomh: DC)

Trèanadh

Chaidh an eadar-dhealachadh eadar trèanadh gnìomhachais airson leasachadh tàlant agus trèanadh luchd-obrach/bhall a dhèanamh soilleir.

Chaidh còmhradh a chumail mu Chùrsa Trèanaidh Diploma nam Meadhanan aig Sabhal Mòr Ostaig, leis gu bheil MG ALBA a' cur bursaraidhean luach £35k, gu h-àraid mu mhodhan fastaidh chun chùrsa. Chaidh aithneachadh cho luachmhor 's a bha preantasachd a' fàs mar dhòigh eile a-steach gu obair sa ghnìomhachas (MG ALBA a' cur taic ri dithis a-nis). Thèid na cuspairean seo a chuir fa chomhair na Buidhne Comhairleachaidh Trèanaidh. (Gníomh: IMT)

Uairean de phrògraman ùra (originations)

Chaidh a chomharrachadh gu robhas a' maoineachadh nas lugha de dh'uairean airson 2018/19 seach mar a bha ann an 2017/18. Chaidh a mhìneachadh gu bheil sin ri linn (a) gu bheileas an dùil co-mhaoineachadh a dhèanamh air *Belladrum* leis a' BhBC (agus leis an sin gu bheil sinn a' co-roinn nan uairean) agus (b) ri linn gu bheil comadaidh – a tha cosgail - a' dol suas bho 0.5 uair gu 2.0 uair gu bheil tuiteam nas mothaga fhaicinn ann am prògraman aithriseach. Thathas a' measadh gu bheil barrachd chomadaidh riatanach, fiùs ma tha sin a' ciallachadh tuiteam anns an àireamh iomlan de phrògraman maoinichte.

Chaidh a chomharrachadh gum biodh e feumail iomradh a thoirt sa phlana air buaidh àrdachaiddh ire na h-atmhorachd air uairean a thìde de phrògraman ùra (Gníomh: NMG)

Luchd-obrach

Chaidh aontachadh leudachadh a dhèanamh san aithris air na h-obraighean ùra a thathas a' moladh, gan ceangal ri dealbh structar luchd-obrach. (Gníomh: DC)

Buidseat 2018/19

Chaidh moladh litir fhaighinn bhon Riaghaltas mun £12.8m airson 2018/19 airson fianais a shealltann don luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh air suidheachadh ionmhais na h-ath-bhliadhna. (Gníomh: NMG)

Ionnsachadh

Chaidh iomradh a thoirt air na còig uairean a thìde de stuthan ionnsachaidh gach seachdain agus chaidh a dhaingneachadh gur ann air a' BhBC a tha an t-uallach gu foirmeil seach air a' cho-bhanntachd gu susbainteach.

Buidseat airson eadar-nàiseanachadh

Anns an dreachd Phlana, chaidh am buidseat airson eadar-nàiseanachadh (airson cruthachadh tionndaidhean eadar-nàiseanta) a chuir gu stuthan ùra airson Aonad Didseatach BBC ALBA. Chaidh innse gur ann tro iomairtean eile (cuid dhiubh ann am buidseat trèanaidh) as fheàrr a chuidicheas MG ALBA.

Leirmheas air seirbheisean taic-seanail agus ruith-seanail

Chaidh innse gu bheil *Programme Manager, Scotland 2018*, aig a' BhBC, le taic bho Stiùiriche Ionmhais MG ALBA, a' dèanamh lèirmheas air modhan-obrach a' BhBC agus MG ALBA ann an roinnean obrach ruith/taic seanail, le amas barrachd airgid a lorg airson prògraman Gàidhlig tro bhith cho èifeachdach 's as urrain còmhla anns a h-uile roinn obrach. Chaidh iarraidh na molaidhean bhon obair-measaidh a chuaireachadh nuair a bhiodh an aithisg deiseil (dùil air no ro 31/1/18) agus gum biodh Stiùiriche Alba agus Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean aig a BhBC fiosraichte mu mholaidhean. (Gníomh DC)

Cosgaisean libhrigidh BBC ALBA

Chaidh innse gun robhas a' bruidhinn ri Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC mu am biodh am BBC deònach cosgaisean bun-structar na seanail a ghiùlain, agus gum biodh toraidhean an lèirmheas na chuideachadh a thaobh a bith a' dealbhachadh nan dòighean as fheàrr anns an gabhadh sin a dhèanamh.

Na mìrean eadar nam prògraman (junctions)

Chaidh còmhradh a chumail air ceann cosgais "channel junctions & links" agus chaidh dearbhadh gur e cosgais luchd-obrach a bha ann.

Chaidh aithneachadh gur e "in-vision presentation" a bha luchd-coimhid na Gàidhlig a' miannachadh a rèir sgrùdadhbh a rinn TRP. Chaidh ceist a chuir nam biodh roghainn ann eadar Preasantair "air-sgrìn" agus Preasantair "far-sgrìn", le sàbhalaidhean a' dol gu ruige barrachd phrògraman, dè a b' fheàrr leotha. Chaidh innse nach deach a' cheist a chuir san dòigh sin.

Chaidh aontachadh gur e cuspair a bha seo air am miannaicheadh buill barrachd deasbaid a chumail aig àm freagarrach, agus nach robh e na bhacadh air a' Phlana mar a bha e. (Gníomh: IM)

Pròiseactan leasachaidh BBC ALBA (top 10)

Chaidh aontachadh iad seo an fhighe a-steach barrachd ann an aithris a' Phlana, gus an tuigear na toraidhean ris an robh dùil tron bhliadhna, gus am biodh e comasach adhartas fhaicinn, agus gus am faiceadh Ofcom (agus luchd-leughaidh eile) cò air a tha sinn ag amas agus dè dh'fhaodamaid a dhèanamh nam biodh barrachd airgid againn. (Gníomh: DC)

BBC Framework Agreement Para 40

Chaidh moladh beagan mìneachadh a chuir dhan Phlana mu dheidhinn dè bha ann. (Gníomh: DC)

Nithean eile

Chaidh aontachadh am Plana a chuir fa chomhair a' Bhùird sa Ghearan.

Chaidh aontachadh gun deigheadh bruidhinn aig coinneamh a' Bhùird sa Ghearran air moladh gum bhiodh e feumail dhan bhuidheann sùilean ùra, eòlaiche, a thoirt a-steach airson deuchainn fa-leth a chuir air plana a bha cho cudromach dhan bhuidheann aig àm a bha gu bhith cho cudromach dha na meadhanan Gàidhlig. (Gníomh: DC)

Chaidh beachdan Iain Stephen Moireasdan a chuir fa chomhair a' Bhùird.

- Soilleireachd a thaobh briathrachas co-ceangailte ri na 100 uair a bharrachd a tha am BBC gu bhith a' cur gu ruige BBC ALBA – gun robh e riatanach nach e leth-bhreacan Gàidhlig de phrògram Beurla a bhiodh annta, gum biodh sònrasachas Gàidhlig annta a dh'aindeoin gur ann à airgead na seanail ùir a dh'fheumadh iad am maoineachadh;
- Nach robh e a' moladh an t-Aonta leis a' BhBC ùrachadh gus am biodh barrachd ri chuir ris a thaobh tabhartas a' BhBC;
- Gun robh e draghail gur iad luchd-coimhid BBC ALBA as buaitiche a bhith a' coimhead seanail ùr BBC Scotland, agus gur e uallach a' BhBC a cheart cho math ri MG ALBA dèanamh cinnteach nach dèanadh an t-seanail ùr cron air BBC ALBA;
- Gur e naidheachd mhisneachail a bha ann mu phrògraman cloinne - am biodh sgrùdadh ion-dhèantachd ann (feasibility study).